

# Pàigheadh Taic Tòrraidh

## Dè th' ann am Pàigheadh Taic Tòrraidh?

'S e pàigheadh a th' ann a gheibh daoine ann an Alba a tha a' faighinn Creideas Coitcheann, creideasan cìse no sochairean eile a bhuilicheas airidheachd, agus a tha feumach air taic mar chuideachadh gus cosgaisean tòrraidh a phàigheadh.

## Cò a gheibh e?

Dh'fhaodadh daoine a bhith airidh air Pàigheadh Taic Tòrraidh ma tha iad a' coileanadh nan slatan-tomhais uile gu h-ìosal:

- tha iad a' fuireach ann an Alba
- tha iad, no tha an caidreach aca, a' faighinn shochairean sònraichte no creideasan cìse sònraichte\*
- bha an neach a chaochail a' fuireach san RA
- tha an tòrradh ga chumail san RA no ann an cuid a shuidheachaidhean san Aonadh Eòrpach, ann an Innis Tìle, Liechtenstein, Nirribhidh no san Eilbheis
- tha iad a' cur iarrtas a-steach às dèidh bàs an neach, suas gu 6 mìosan às dèidh ceann-latha an tòrraidh aca
- tha an tòrradh an urra riutha fhèin, no an caidreach aca
- tha e reusanta gun gabh iadsan, no an caidreach aca, uallach airson cosgaisean an tòrraidh.

Mar as trice, tha e reusanta gun gabh an neach-dàimh as fhaisge dhan neach a chaochail uallach airson cosgaisean an tòrraidh. Dh'fhaodadh an neach-dàimh as fhaisge a bhith na chaidreach, na mhac no nighean, na phàrant no na bhràthair no piuthar. Mur e an neach-dàimh as fhaisge a th' annad no sa chaidreach agad, feumaidh tu mìneachadh dhuinn nuair a chuireas tu iarrtas a-steach, carson a tha e reusanta gur e thusa a ghabhas uallach.

\*Creideas Coitcheann (UC), Taic Teachd-a-steach, Cuibhreann Sireadair-obrach Stèidhichte air Teachd-a-steach, Cuibhreann Cosnaidh agus Taice Ceangailte ri Teachd-a-steach, Creideas Peinnsein, Sochair Taigheadais, Creideas Cìse Cloinne (CTC) agus eileamaid ciorram no droch chiorram de Chreideas Cìse Obrach.

Tha dearbhair airidheachd ann aig toiseach an fhoirm air-loidhne agus air duilleag a dhà den fhoirm phàipeir.

## Dè as fhiach am pàigheadh?

'S e pàirt pàighidh a th' ann am Pàigheadh Taic Tòrraidh agus pàighidh e cuid de chosgaisean an tòrraidh ach is dòcha nach pàigh e na cosgaisean uile. Tha seo a rèir roghainn an neach fa leth a thaobh an tòrraidh agus cosgaisean eadar-dhealaichte airson sheirbheisean air feadh na h-Alba.

Ma tha iad airidh, bidh an t-sùim a gheibh an neach a rèir an iarrtais aca agus a rèir an airgid a bha air fhàgail leis an neach a dh'eug.

## Faodaidh Pàigheadh Taic Tòrraidh dèiligeadh ri:

- cosgaisean tiodhlacaidh agus losgaidh-chuirp (tha na cosgaisean seo eadar-dhealaichte air feadh na dùthcha, agus mar sin dh'fhoillsich sinn na cosgaisean ionadail reusanta a phàigheas sinn: [mygov.scot/burial-cremation-costs-scotland](http://mygov.scot/burial-cremation-costs-scotland))
- reat stèidhichte airson chosgaisean sam bith eile - £1257.75 airson na mòr-chuid de dh'iarrtasan agus £153.50 ma rinn an neach a chaochail ullachadh airson an tòrraidh aca tro phlana tòrraidh
- cuid de chosgaisean siubhail, cosgaisean sgrìobhainnean agus cosgaisean meidigeach.

## Cia mheud neach a dh'fhaodas am pàigheadh seo fhaighinn?

Aon neach gach tòrradh.

## Ciamar a chuireas daoine a-steach air a shon?

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh agus faodar iarrtas a chur a-steach air-loidhne aig [mygov.scot/funeralsupport](http://mygov.scot/funeralsupport). Faodaidh daoine cuideachd cur a-steach air a' fòn no foirm-iarrtais pàipeir iarraidh tron phost le bhith a' cur fòn thugainn an-asgaidh air **0800 182 2222**.

Mus cuir iad iarrtas a-steach airson Pàigheadh Taic Tòrraidh, bu chòir daoine am bàs no marbh-bhreith a chlàradh agus cead a thoirt dhan stiùiriche tòrraidh (ma tha seo aca) airson bruidhinn rinn mun iarrtas aca – bidh seo a' fìor-lùghdachadh na h-ùine a thèid a thoirt gus an t-iarrtas aca a làimhseachadh.

Tha dà fhoirm-iarrtais ann – foirm-iarrtais pàiste agus foirm-iarrtais inbhich. Tha comharra soilleir air gach foirm sa cheàrn dheas uachdarach. Tha nas lugha de cheistean air an fhoirm airson tòrradh neach òg no pàiste.

## Dè cho fada 's a dh'fheumas daoine feitheimh, às dèidh iarrtas a chur a-steach, gus am pàigheadh aca fhaighinn?

Bu chòir daoine co-dhùnadh fhaighinn taobh a-staigh 10 làithean-obrach bho fhuair sinn foirm-iarrtais coileanta, còmhla ris a h-uile fianais-taice a tha riatanach. Thig am pàigheadh aca goirid às dèidh sin.

## Dè an fhianais a bhios a dhìth?

Ma chaidh innse dhaibh gum biodh aca ri lethbhreacan de theisteanasan, cuidhteasan no cunntasan a chur thugainn nuair a chuir iad iarrtas a-steach, feumaidh iad seo a dhèanamh mus cuir Tèarainteachd Shòisealta Alba crìoch air dearbhadh an iarrtais aca. Faodaidh iad seo a chur thugainn air-loidhne aig [mygov.scot/uploading-your-documents](http://mygov.scot/uploading-your-documents) no gheibh iad cèis-litreach ro-phàighte a bu chòir dhaibh cur air ais gu Tèarainteachd Shòisealta Alba.

## Am feum an neach an t-airgead seo a phàigheadh air ais?

Chan fheum. Chan e iasad a th' ann agus chan fheumar a phàigheadh air ais. Ma dh'fhàg an neach a chaochail maoin ionmhasail, gheibh sinn an t-airgead air ais on oighreachd aca.

## Cò dha a thèid an t-airgead a phàigheadh?

Thèid an t-airgead a phàigheadh a-steach don chunntas banca a thagh an neach no gu dìreach do stiùiriche an tòrraidh ('s e seo an roghainn as fhèarr le daoine mar as trice ach feumaidh sinn cead bhon neach-iarrtais gus seo a dhèanamh).

## Cuin a dh'fhaodas daoine iarrtas a chur a-steach?

Faodaidh daoine iarrtas a chur a-steach às dèidh bàs an neach a tha gan tòrradh agus suas gu sia mìosan às dèidh ceann-latha an tòrraidh.



Tha mòran dhaoine draghail mun chosgais bith-beò. Chan eil thu nad aonar. Gus faighinn a-mach dè an taic a dh'fhaodadh tu fhaighinn, tadhail air [gov.scot/costoflivingsupport](http://gov.scot/costoflivingsupport). No tadhail air Biùro Comhairleachaidh an t-Sluaigh faisg ort.